




Hall-133-j

National Library of Scotland



\*B000170425\*















# LAOIDHEAN SPIORADAIL,

AIR

AN CNUASACHADH

LE

MAIREARAD CHAIMBEUL.



CLÒDH-BHUAILTE 'AN DUN-EIDIN,  
LE  
MUNDELL, DOIG, & STEVENSON,

*Air son an Ughdair.*

---

1810.

INTERNATIONAL LIBRARY



LAURENCE CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

## ADVERTISEMENT.

---

*It was once the intention of the Author of the following Gaelic Compositions to have got several of them translated into English, in order to gratify the wishes of such subscribers to her performance as do not understand the original. That intention, however, has since been departed from, in consequence of the suggestions of some friends, who, notwithstanding their partiality for the Author, did not judge it expedient to hazard a literal version of effusions, which, at one period, were never designed for publication.*

*At the same time, the Author trusts, that the expectations of those contributors to her work will not be altogether disappointed, as the more striking ideas and sentiments, which are interspersed throughout the whole, have been selected, and made into English; and are arranged in the form of paraphrases, and placed at the end of the hymns.*

## AN CLAR-INNSEADH.

---

LAOBH.

TAOBH.

- |  |    |
|--|----|
| 1. Dhia, chruthaich an saogal . . . . .                  | 1  |
| 2. 'Sbeag mo chion air an t-saogal . . . . .             | 5  |
| 3. Thighearna 'sa Dhia ata . . . . .                     | 9  |
| 4. Tha'n saoghal mulladach truagh . . . . .              | 11 |
| 5. Thì a dh'orduich Grian a's Gealach . . . . .          | 14 |
| 6. Is mulladach an saoghal . . . . .                     | 17 |
| 7. Nuair a sheallas mi gu h-ard . . . . .                | 20 |
| 8. 'Sanns 'na Flaithibh gu h-ard . . . . .               | 23 |
| 9. Thighearna tha shuas air Nèamh . . . . .              | 25 |
| 10. Thighearna 'sa Dhia na'n sluagh . . . . .            | 27 |
| 11. Thighearna, tog mo chridhe suas . . . . .            | 28 |
| 12. Mo Dhia, mo Dhia, 'stu féin mo neart . . . . .       | 29 |
| 13. Dhia, 'sa Thighearna, ata . . . . .                  | 31 |
| 14. Cha'n'eil 'san t-saoghal ach aobhar bhròin . . . . . | 33 |
| 15. Dhia tha faicinn mar tha mi . . . . .                | 34 |
| 16. Dhia, chruthaich 'sa dheilbh sinn . . . . .          | 36 |
| 17. Tha na fìrinnich daonan beo . . . . .                | 39 |
| 18. Tha sin nìle seacharanach . . . . .                  | 41 |

## I. AOIBH.

## TAOBH.

19.	'Sa mhaduinn, 'nuair a dhùisgeas mi . . .	43
20.	Cò's urrain gluasad tréibdhhireach . . . .	44
21.	Ged' ni do nàmhaid tailceas ort . . . . .	46
22.	'Stu féin, a Dhia, a bhuillich oirn . . . .	47
23.	'Sann dhuit féin a naomhaich thu . . . .	48
24.	Dhia, neartaich mi gu dusgadh . . . . .	49
25.	Dhùth theann mi Dhia an taice riut . . . .	51
26.	Tha toiseach na Bliadh-ùir aguinn . . . .	52
27.	Dhia, Sòillsich féin an rathad dhomh. . .	53
28.	'S muladach an neo-churam . . . . .	54
29.	Dhuine, dhuine, smuainich. . . . .	55
30.	'S mulladach an gealladh sin . . . . .	56
31.	Tha è ra fhaotainn anns gach àit. . . . .	57
32.	'Se sud ghabh mi beachd air . . . . .	61
33.	Tha'n saoghal so diomain . . . . .	64
34.	Chunnaic agus chuala . . . . .	69

## APPENDIX.

Thoughts on the end of the world . . . .	75
On prayer . . . . .	76
Confidence in God . . . . .	77
Christ is our hope . . . . .	78
Death and judgment . . . . .	79
A prayer . . . . .	80

# LAOIDHEAN SPIORADAIL.

---

---

## LAOIDH I.

'D<sup>H</sup>IA, chruithich an saoghal,  
'Stha faicinn gach aon nì 'ta ann,  
Dean tàingeil le sté mi,  
'Sna fàg mi leam fhéin air aon àm :  
Cum ann ad' eagal 'sad' ghaol mi,  
'S mo chridhe ort daonan 'sgach àm ;  
'S 'nuair thig là mo chrìche,  
Dean sòlas le sìth air mo cheann.

Air deas-làmh an Athar

Tha Mac a ta mathasach dhuinn ;

'Sè ghnàth a's a chleachda

Bhi gleidheadh àite máth dhuinn :

Na'n creideamaid ceart ann,  
 Le reachd-san a leantuinn 'sgach cùis,  
 Bhith' maid cinnteach as fhaicinn,  
 'N t'éibhneas tha taisgte na chùirt.

'Sann 'n sin tha'n t-éibhneas—  
 Is éibhin an neach a gheibh ann ;  
 Cha 'n'eil airteal no sgìos ann,  
 Na mì-ghion, na òidhche, ach là' ;  
 A's iad uil' ann an toilinntin,  
 'Tabhairt molaidh do'n Tì rinn riu bàigh ;  
 'Sa thug iad gu' Rhioghachd,  
 Far 'm bheil sonnas nach dìobair gu bràth.

Tha sinn' air an t-saoghal  
 Daonnan mulladach truagh ;  
 Cha 'n'eil ann ach nìth diomain—  
 Cha mhair e dhuinn uile ach cuairt.  
 Bu chòir dhuinn bhi deònach  
 Air ar n-inntin a leagadh gu luath,  
 Air rioghachd ar n-Athar ;  
 O'n is ann a'ga maithreas tha buan.



'Sann an rioghachd ar n-Athar  
 Tha maitheas nach teirig gu bràth ;  
 Tha mìle mhìlltean do dh-àinglibh  
 G'a mholladh gun sgìos a ghnàth ;  
 'Siad uil' air an lìonadh  
 Le sonnas nach dìobair gu bràth :  
 'Scha 'n urrainn neach innseadh  
 An sòlas tha'n rioghachd na'n Gràs.

Tha ar nàmhaid ga'r dalladh,  
 'Sga'r mealladh le charrachd gach lò,  
 Dh' fheuchain an riob è na lìon sibh,  
 Ga'r tarruing gu prìosain a bhròin ;  
 Far am' bheil gal agus dìosgail,  
 A's mì-ghean air iomadach seòl—  
 Cha'n urrainn neach innseadh  
 'N dòrainn tha'n rioghachd a bhròin.

Tha sinne 'n so fhathasd,  
 'Sar n-Athar air caithear nan Gràs ;  
 A's è tabhairt dhuinn cuirreadh  
 Sinn a thilleadh ris uile gu'n dàil :

Far 'm bheil an toil-inntin,

A's an t-éimhneas nach dìobair gu bràth :

Trìd fullangais Chriosda

Gheibh sinn gach nìth ni dhuinn stà.

'Sdaor a cheannuich è féin sinn,

A's cka b'ann le airgiod na òr ;

Le fhuil phrìseil ga' taomadh,

A's iad ga' lot' anns gach taobh, 'sga leòn :

'Nuair bha iad ga' chéusadh,

Be 'n déisinn bhi faicinn an seòil—

Crùn dreoghain, mar thailceas,

Chuir iad air Mac Dhia na glòir.

'Siomadh trioblaid a fhuair è

'N feadh 'sa bha chuairt anns an fhèoil :

Bha naimhdean guinneach a ruagadh

An àileagan uasail, a's è òg :

Chuir Herod gu bàs

Gach mac 'san àit bha ga chòir,

'N duil gu'n faigheadh è Slànuighear

A'm measg chàich chum a leòn.

## LAOIDH II.

'SBEAG mo chion air an t-saoghal,  
 'Sbeag mo ghaol air bhi ann ;  
 Tha mo chion air an Rioghachd  
 Air nach dilinn thig ceann :  
 Far'm bheil m' aithir a's m' éibhneas,  
 'Sleam a b' éibhin bhi ann ;  
 'S bhi faicinn Mhic Dhé,  
 'Se deannamh réite dhuinn ann.

B' fhearr gu'm bithinn am' dhorsair  
 Ann an taice rid' chùirt,  
 Ri taobh do gheataichean prìseil,  
 Bho' bheil sìth tighinn dhuinn ;  
 Ann an co-thionnal a chéile,  
 'S far 'm bheil na céudan ad' chùirt :  
 'Se is cleachd' agus béus doibh,  
 Bhi le h-éibhneas toirt cliù.

Tha gach trioblaid 'sgach àdhmhar  
 Air am fàgail fo'r cùl,  
 A's iad a faicinn ar Slàn' ear  
 Ann am Phàrras an iùil ;  
 A's craobh na beatha fo' blàth ann,  
 A's meas a fàs orra dlùth :  
 'Se fàth m' éibhneis gu bràth,  
 'N fhiuthair tha ri bhì'd chùirt.

Bu chòir dhuinn bhith deònach  
 Air bhith daonan eòlach mu'd rùn ;  
 O'n ach 'eil anns an t-saoghal  
 Ach nìth caochlaideach dhuinn ;  
 Mu'r cum thu féin *geard* oirnn  
 Bho' nàmhaid n'an lùb,  
 'Se gealltain dhuinn dàlach— ;  
 Se ghnàthicha nach fhiù.

'Scha 'n'eil gealladh air dàil  
 Aig aon neach fui'n ghréin ;  
 Tha ar nàmhaid ga'r dalladh,  
 A's e mealladh nan céud. |

Mu'r bi Spiorad nan gràsan  
 A' gabhail tàmhadh na'r créidh,  
 Bithidh easan gu dàna  
 Gleitheadh fàrdaich dha féin.

'Sfhad' o'n thòisich an nàmhaid  
 Anns a Ghàradh bho' thùs,  
 Far 'n robh *Eubh'* agus *Adhamh'*—  
 'Si bhean-ghràidh ga'n robh' rùn—  
 Leis an ubhal air ghéig'  
 Chuireadh *Eubh'* as a' chùirt ;  
 Dh' fhàg sud sinne fuidh éuslain ;  
 'S bochd an sgeul a bh'ann duinn.

As na Flaithibh is àirde  
 Thàinig Slàn 'ear n'an dùl ;  
 Rinn iochd agus bàigh ruinn,  
 'S dhearbh an càirdeas ud duinn ;  
 Le fhuil phrìseil a thaomadh,  
 Chosnadh saorsa mhath dhuinn ;  
 'Sa mheud 'sa chreideas an fhìrinn,  
 Gheibh iad rìoghachd a's crùn.

'S cion 's gur tada gach là leam  
 Anns an fhàsach tha sgìth ;  
 Tha mo pheacannan gràineil,  
 'Cur cràidh orm fhéin ;  
 Tha mo chridhe fo' éislean,  
 'S goirt leam fhéin mar tha mì ;  
 A's mi sìr fhaicinn mo bhràithrean  
 Fuidh aon fhàilliung rium fhéin.

'Sann gu seirbhais na diagh'achd  
 Chaidh ar deanamh bho' thùs ;  
 Bu chòir dhuinn bhì leubhadh,  
 'S bhì 'g éisdeachd le sunnt ;  
 Bhith aig caithear na'n gràsan,  
 'S bhì ghnàtha' to'irt cliù,  
 Air son a mhic gràidh,  
 Tha deanamh àite math dhuinn.

## LAOIDH III.

'THIGHEARNA 'sa Dhia ata,  
 Thabhair dhomh neart ad' ghràsan pailt ;  
 'S dean mi cuimhneach ort a ghnàth  
 Gu 'bheil am bàs oirne faisg :  
 Cha'n aobhar eagail am bàs,  
 Ach 'm breitheanas ro cheart :  
 Gheibh gach neach an sin a dhuais ;  
 'S leòir a chruas m'ar gluais sinn ceart.

M'ar gluais sinn ceart 'san t-saoghal  
 Mu'n d'thig caochladh air ar staid,  
 Cha'n'eil gealladh dhuinn air sìth  
 Ann an Rioghachd Dhia n'am feairt:  
 Dh'fhuilling Ios' air son an t-shluaigh  
 Chreideas, ged' a thruaill' a reachd ;  
 'S bheir e sàbhailt iad fagheòidh,  
 Gu Rioghachd na glòir a steach.

'Their è ris na h-àingich thruagh,  
 Gabh sibhse uam air fad ;  
 'S imichaibh gu'r prìosain bròin,  
 Far am bheil ar dòruinn pailt :  
 'Sann 'n sin tha 'n gearrain cruaidh,  
 'San t-slochd thruagh le lasair theith ;  
 'S'a bheil fearg Dhia 'n lasadh suas,  
 Gu'n sùil a chaoidh re' tigh'n as.

'S codalach sinn air a chùis  
 Anns 'bu chòir dhuinn dùsgadh ceart,  
 A' sirreadh Iosa n'an dùl  
 Chuir ar cùis ann an neart.  
 Mu'r dean sinn strìochda ga' reachd,  
 'Smu'r gluais sinn gu diaghaidh ceart,  
 'S faoin dhuinn smuaineachadh 'n'ar crìdh'  
 Gu'm buin sinn do Rìgh na'm feairt.

Bu chòir dhuinn a bhi fo' chùram,  
 An cian 'sfad a bhi's sinn beò ;  
 Eagal a bhi oirnn a ghnàth  
 Roimh fhearg 'na Tì is àirde glòir :



Ged' fhuair sinn Spiorad an rùil  
 Gu bhi' ga'r stiùradh gu ceart,  
 Bithidh ar nàmhaid diùltach truagh  
 Air thìth ar buaireadh gu olc.

Ach 'smòr ar n-aobhar gu bhi tàingeil,  
 Gu' bheil ar nàmhaid air slàbhraidh ;  
 'Snach leig Iosa sinn an gàinntear,  
 M'ar tòill sinn dol 'san àimhreit :  
 'Sann trìd fullangais ar Slànuighear  
 Tha na creidich dol do Phàrras,  
 An làn aoibhneas bithidh iad sàbhailt—  
 A sìr mholladh Dhia na'n gràsan.

#### LAOIDH IV.

THA'N saoghal mulladach truagh,  
 Làn àdhmhair 'sgach uair ;  
 'Smairg bheireadh dha luaidh g'a rìreamh,  
 Beartadh meadhon a b' fhearr,  
 Ge be sheòladh air tràth ;  
 'Sgèarr 'n ùine gu's am fàs sinn ìosal.

Ann an ciste na'm bòrd  
 Bhiodh ga'r càramh fo'n fhòid,  
 Mar'ri durragan mòra dìblidh ;  
 'S buithe do neach a b'è ghnàth  
 Bhiodh ri chunntas gach là,  
 Mu'n lcigeadh è pàirt air dì-chuimhn.

Cha bhi eagal no sgàth  
 Air roimh shaighdean a bhàis,  
 'Se 'n dòchas gu'n sàbhail Ios' e ;  
 Ach bithidh 'n duine bochd truagh,  
 Bhith's an neo-chùram gach uair,  
 Làn eagail a's uamhas inntin.

'Se faicinn mar bhà  
 Aig a pheacadh na thràill,  
 'S nach robh è air a bhàs a' cuimhneach :  
 'Se'm breitheanas càs  
 Is dorra' ata—  
 Chì sinn uile ar fàilliong scriobhte.

Na'm biodh Spiorad na'n gràs  
 Na'r cridhe do ghnàth,  
 Bhith' mid cinnteach e maitheanas scribede  
 'Sa bhi tric air ar glùn,  
 Aig Cathair na'n dùl,  
 'Sa 'giarraidh bhi 'n cùirt 'na rioghachd.

'Sann an sin tha 'n ceòl,  
 Le aoibhneas cho mòr,  
 'S nach urra' neach beò g'a innseadh.  
 Ach tha carraich na'n lùb,  
 Ga'r mealladh gu dlùth,  
 'Sga'r dalladh air cùis na firinn.

'Se athair na'm bréug  
 Ar nàmhaid gu léir,  
 Thug gu àdhmhar sinn féin 'ear sinnsear  
 'S fhad o'n thòisich e féin  
 Ann an gàrradh na'n séud,  
 Far 'n robh Adhamh agus Eubh ro-phrìseil.

'Sann le ubhal on ghéig  
 A mheall è i féin,  
 O'n 'si 's luige bha ceum na h-inntin :  
 'Se 'n t-àrdan 'san spòrs',  
 'Sa bhi 'g iarraidh bhi mòr,  
 Chuir thu gu dòruinn shìorruidh.

'Sann an ifrinn gun tàmh  
 Ata 'n dìobarach grannd ;  
 Far 'm bheil gal, agus cràdh, a's gìosgail :  
 Ach 'se Athair na'n gràs  
 Ghabh truas dhuinne tràth,  
 'S chuir a Mhac-gràidh ga'r dìdean.

## LAOIDH V.

'TUI a dh'òrduich Grian a's Geallach,  
 'Sa rinn deallachadh na'n tràth,  
 Dean mi tàingeil leis gach cùis  
 A dh'òrduich thu dhomh anns gach càs.

Dean mi tàingeil, 'sdean mi stéidheil,  
 Ann an céill a's ann an gràs ;  
 Thoir dhomh neart gu bhì gad' iarraidh,  
 'Sgu bhì gad' iarguin anns gach càs.

'Sann a chòmhnuidh anns na Flaithibh,  
 Tha'n t-Athair ga'm bheil mo ghràdh,  
 'Sa Mhac prìseil féin r'a ghualainn ;  
 'S gur è dh' fhuasgail oirnn o'n bhàs.

Tha è daonan air a dheas-laimh,  
 Sìr-leasachadh a dhuinn àit :  
 'S mòr ar 'n aobhar air bhì tàingeil,  
 'S bhì tabhairt tàing dha anns gach càs.

Fàthadh mullaid leam 'n saoghal ;  
 Cha'n'èil ann ach aobhar ghràin ;  
 Ma bhith's sinn bochd, cha bhì sinn tàingeil ;  
 'S fàgaidh beartas sinn ro àrd.

'Si an ath-chuimhnaich a dh' iarruin,  
 Na'm bu toilleach le Dia na'n gràs,

E thabhairt 'uam an spiorad feòlmhor,  
'Sa thabhairt dhomh còir air spiorad gràidh.

Dean a chòir ud domh cho daingean,  
'Snach d' théid a sgarradh uam gu bràth ;  
Gu bhì ann ad' ionnad còmhnuidh,  
A séinn de ghlòir gu latha bhrà.

Dean mo mhosgladh, 's dean mo dhùsgadh ;  
'S thabhair dhomh 'n ùrnuigh ga'm bì' do ghràdh ;  
Agus neart gu dol ga' h-ionnsuidh—  
Gu bhì ga'd' chliùthachdadh a ghnàth.

Tha ar nàmhaid tric ga'r dalladh,  
A's e ga'r mealladh air iomadh càs ;  
Cur ar smuaintean gu bruidlean,  
'S ga'n deanamh truagh air seòl na dha.

Tha Gaisgeach air ar cùl-thaobh,  
'G agairt cùis duinn air iomadh càs ;  
'Stha na fluair è air a chùram,  
Air an ùmhlachadh le gràs.

## LAOIDH VI.

Is mulladach an saoghal,  
 Gur caochlaideach a sheòl ;  
 Cha 'n'eil ann ach carruicheadh  
 Do'n neach is motha dòigh.  
 Bu chòir dhuinn a bhi iarrtach  
 Air riathar na Tì 's mò ;  
 O'n is rud nach crìon e—  
 'S gu faighear sìth air glòir.

Cha'n'eil sinn ach air thurras  
 Anns an fhàsach ata sgìth ;  
 Fàgaidh sinn e uile,  
 'Sgu'r gearr gu ceann ar crìch.  
 Ruigidh sinn an t-àras,  
 Ata gun phràmh gun sgìos ;  
 Far a'm' bheil ar Slànuighear ;  
 A's è ghnàth ri àite dhuinn.

Bu chòir dhuinn bhì ga'r crioslachadh,  
 'S bhì deanamh ullamh tràth ;  
 Gu'n fhios nach d'tig an teachdaire,  
 'Sgu'm faidh è sinn na'r tàmh :  
 M'a théid an solus as oirne,  
 'Snach fhaic sinn féin ar càs ;  
 'Sann an sin is truagh sinn,  
 Mu thig oirnn uair a bhàis.

Tha'm bàs a teachd mar ghaduiche,  
 Gu'n choisemachd thabhairt dhuinn ;  
 Bu chòir dhuinn bhì air freiceadan,  
 'Sbhì ullamh air a chionn.  
 G'e be staid am fàgar sinn,  
 'Na'r chàrmhar sinn 'san ùir ;  
 'Sann mar sin a dh'éireas sinn,  
 'Na'r dh' éighear sinn gu cùirt.

'Stha chùirt a' feitheamh uile  
 Air a h-uile neach ata—  
 Bu chòir dhuinn a bhì iarrtach,  
 Air iarraidh a ghràis.



E bhi mar bhiadh dhuinn,  
 Ga' iarrguin a ghnàth ;  
 A's gheibhamaid gu cinnteach  
 An nìth 's fearr àta.

Bu chòir dhuinn a bhi deònach,  
 A bhi eòlach air an Tì  
 Ata dhuinn mar bhuachaille—  
 Da'r cuairteachadh gu'm biodh ;  
 Ata ga'r cumail suas  
 Le Fhrithealadh 's gach tìm ;  
 Ata aige tuille' spéis dhuinn,  
 Gu'n bhréug, na h-aguinn féin.

'S olc an t-aobhar talluich dhuinn  
 Alladhbhan thigh'n oirnn ;  
 'Sna dh' fhuilling ar Slànuighcar,  
 'Nuair bha è anns an fheòil :  
 Na'm bithe'mide foigheadnach  
 Le feidheadh air a ghlòir,  
 'Se thogadh dhinn na h-callaichean,  
 Sa bheireadh fois a's treòir.

## LAOIDH VII.

'NUAIR a sheallas mi gu h-ard,  
 'Sa chi mi na neòil gu luath ;  
 Bithidh mi cuimhneachadh, a Dhé,  
 Gur làidir tréun do bhuaidh.

'Nuair a sheallas mi air làr,  
 Chi mi muir a's talamh ann :  
 Tha do mhìorbhuillean gach là  
 Lìonadh a's traoghadh a chuain.

'Stu a thogas 'sa leagas gaoth ;  
 'S rinn gach aon ni ata ann.  
 'Neach nach smuainich ort gu géur,  
 'Struagh dha féin 'nuair thig an t-àm.

Deilbh a chridhe 'saihne dhuit ;  
 'S tu sgrùdas e gu mean.

Bu chòir dhuinn bhì tric air ar glùn,  
 Sìr dheanamh ùrnuigh riut.

M'achuign' ort air sgàth do Mhic,  
 A's dean mo neartachadh le gràs ;  
 A's dean mi tàingeil leis gach cùis  
 Leagas tu orm gu bràth.

B' fhearr bhiodh 'n iomal t-àrois féin,  
 Na na bheil 'sa chruinne mhòr.  
 Falbhaidh sinn uile gu léir,  
 'Sgu bràth cha teirig do ghlòir.

'S fhada gach oidhch' agus là  
 Gu's am faic mi gnùis an Uain :  
 'S in falbhaidh gach mullad 's gach bròn,  
 'Nuair a gheibh mi *pàrladh* uaithe.

'Nuair a thig an Iatha mòr,  
 'Sa chruinneachar an sluagh gu léir ;  
 Na bha riamh ann marbh a's beò,  
 Thig iad an làthair a chéil'.

Suidhe brithemh orra 'n sin,  
 'S leabhar a chunntais fosg'lar è ;  
 'Sgach aon pheacadh rinne riamh,  
 Théid a chuimhneachadh gu grad.

Nithear an tearbadh a rì'st,  
 Mar ní'm buachaill air an tréud ;  
 Théid cuid dhiubh gu prìosain bròin,  
 Gu'n chòir ac' air Phàrras Dé.

Eiridh na creidmhich air thùs,  
 Gu commun na'n àinglibh gu léir ;  
 Thig na'n coinneamh Fear-iùil,  
 Chuir fàillte air a mhuinntir féin.

'S ann an sin tha'n sealladh ait,  
 'San ceòl is binne bha riamh :  
 Cha'n arraichear mìle bliadhna mar uair—  
 A's sòlas buan gun cheanna-crìche.

## LAOIDH VIII.

'S ANNS 'na Flaithibh gu-hàrd,  
 Tha Athair mo ghràidh ;  
 'Sgu'm b' fhearr leam na'n saoghal  
 Bhiodh daonan ad' phàirt.

B' fhearr bhi latha ann ad' chùirt,  
 Na mìle gun thù—  
 Ann an rioghachd na h-àingidheachd,  
 Far a'm bheil gàmhlas 's mi-rùn.

Tha mulad air seòl,  
 'Saobhar eagail ro mhòr,  
 Ar nàmhaid ga'r dalladh,  
 'S ga'r mealladh o'n chòir.

'S fàth eagail an càs  
 Bhi aig Sàtan na'r tràil'

'Se ga'r tarruing le dhìchiol  
Gu prìosain a bhàis :

Gu rioghachd a bhròin,  
Far an screaddail an ceòl ;  
An' teine pronnaisg a's lasrach,  
'Siad ga'n tachdadh le cheò.

Deanaibh aithreachas tràth,  
Ro' thighinn a bhàis ;  
'S tuigibh gu cinnteach  
Gur i 'n fhèrrinn is fearr.

Mur bi spiorad an iùil  
A fosgladh ar sùl,  
Cha'n fhaic sibh an éucoir,  
'Scha léir dhuibh ar cùis.

## LAOIDH IX.

'T HIGHEARNA tha shuas air nèamh,

'Stha air thalamh bhos ;

Ann's gach àite 'n iarrar thu,

Gheabhar thu air gach toisg :

'Neartuich agus treòraich mi

Chur do ghlòir an géill :

Be sud an obair shòlasach

Bhi leantuinn ordugh Dhé.

Bithidh sìth air thalamh ac'

'M feadh a bhios iad ann ;

'S'nair a théid iad dhachaidh,

Bithidh crùn glòrmhor air an ceann.

'N crùn glòrmhor sin bhitheas mairtheanach,

Nach teirig dhoibh a chaoidh ;

Air cinn an luchd-molaidh sin,  
Nach fàs gu sìorruidh sgìth.

Tha sìth air nèamh a's gàirdeachas,  
Aig gach neach ata ann ;  
'S aoibhin leam bhi labhairt air,  
'Smi 'n dùil gu'n d'théid mi ann.

'S an-aoibhin do na h-àingich,  
'Nuair bheirhear iad gu breith ;  
Teine dian a feitheamh orra,  
'San fheirg ata ro theith.

Fearg Dhia cha teirig i,  
'San teine cha d'théid as ;  
'San teine 'ta ga'n losgadh,  
Ga'n cruathachadh mar phrais.

B' fhearr dhuinn a bhi tréibhdhireach,  
An ciann a bhith's sinn beò ;  
'Seagal bhiodh oirnn daonan,  
Ro' fheirg an Dé is mò.



Dia na'n dùl 'sro eudmhor è ;  
 Tha fios aig air<sup>o</sup> gach nìth :  
 Tha smuaintean ar eridheachan  
 Aig uil' air an cur sìos.

### LAOIDH X.

'T HIGHEARNA 'sa Dhia na'n sluagh,  
 Gabh truas dhìom, a's dean mi ceart ;  
 Tabhair dhomh neart ad' ghràsan caomh,  
 'S do Spiorad naomh gun airc.

Mar sealbhuich sinn an Spiorad naomh,  
 'Smar tabhair sinn géill g'a reachd ;  
 Chad' ghealladh dhuinn 'sna Scriobtuiribh  
 Còir air Dia na'n feairt.

Misgearain a's pòitf hearain,  
 'Sluchd bòilich iad gu léir—  
 'S beag air Dia an sèorsa ud ;  
 'S gur aobhar bhròin iad féin.

'Tha'n colluinean ga'n losgadh  
 Le ana-miannan, a's mi-chéil ;  
 'San anamanan ga'n dìteadh  
 Gu sìorruidheachd do phéin.

Ach na'm bi sibh tréibhdhireach,  
 A leantuinn àitheantan Dhé,  
 'Se thilleadh sibh bho'r seacharan,  
 'S bho'r peacanna gu léir.

## LAOIDH XI.

'**T**HIGHEARNA tog mo chridhe suas  
 Ri t-àras buan gun airc ;  
 Dean mo shocrachadh dhuit féin,  
 Air carraig sté do reachd.

'Se Iosa féin a charraig stéidh,  
 'San ìobairt ata glan :  
 Dh' fhuilling è air son an dream  
 'Ghluaiseas gu fìor cheart :

A chreideas ceart na ìobairtsan,

Scha'n ann na'n ìnnleachd féin.

Gu'm bheil sinn seacharanach air fad,

'S gu'r peacaich sinn gu léir.

Ged' tha ar peacannadh ro lionmhor,

'Sar seacharain ro-mhòr ;

Glannar le fuil Chrìosd sinn ;

'S gheabh sinn na' rioghachd còir.

'Sann an sin tha'n t-éibhneas,

A b' fheumail bhi ga' chòir ;

Ainglean a tabhairt urram dha,

'Siad uile a séinn a ghlòir.

## LAOIDH XII.

Mo Dhia, mo Dhia, 'stu féin mo neart ;

'Is tu mo thaic 's mo threòir :

Oibrich annam cridhe glan,

'Sath-nuadhaich spiorad ceart.—

'Se Spiorad naomh an nìth 'ta math,  
 'Sa stiùrras sinn gu ceart ;  
 'Smar faigh sinn còir gu rìreabh air,  
 Cha' bhi ar sòlas pailt.

Cha'n fhaca sùil, cha chuala cluas,  
 'Scha do thuig an cridhe riamh,  
 Coi'meas an t-sòlais 'ta feitheamh  
 Air an neach a dh' fheith air Dia.

Bu chòir dhuinn Dia a ghràdhachadh,  
 O's cionn gach uile nìth.  
 'Tha ghràsan buan, sìr-mhairtheanach,  
 'Se mhairtheas duinn a chaoidh.

'Se mhairtheas dhuinn gu cinnteach,  
 Ma chreideas sinn gu ceart ;  
 Ma ghéileas sinn ga fhìrinn-san,  
 Re fad ar ré 'sar neart.

## LAOIDH XIII.

'DHIA, 'sa Thighearna ata  
 'M Phàrras, o's ar cionn,  
 Rinneadh nèamh a's talamh leat—  
 'N fhairge 'sna bheil annt'.

Rinneadh mac an duine leat  
 Urramach gu leòir;  
 Beagan fo' na h-ainglibh,  
 'S air h-ìomhaidh fhuair è còir.

Cha b'fhad a ghléidh è 'n t-urram sin,  
 Chàill e è air fad:  
 'Se Dia n'an dùl rinn tròcair oirnn,  
 'Sa shàbhail sinn na'r n-airc;

'Sa chuir ga'r n-ionnsuidh Slànuighear,  
 A' Mhac-gràidh a bha gun smal;

Mar 'n Roll an Leabhair scrìobhta—

‘ 'Sè'n Rìgh bha ri teachd.’

Bu chòir dhuinn bhi toirt urram dha,  
 A's molladh air gach àm ;  
 A' chionn gu' bheil è 'g uimeachadh,  
 Rioghachd Athar dhuinn.

Mu chreideas sinn 'nar cridheachan  
 Gu'n d'thoir è rioghachd dhuinn ;  
 Cha d'thig oirnn anns an t-saoghal so  
 Na's aobhar trioblaid léinn.

Gach aon nìth th'ann, 's rud diomain e—  
 Cha bhi e idir ann ;  
 Cha'n ionnan e a's sìorruidheachd  
 Air nach d'thig gu dillin ceann.

## LAOIDH XIV.

CHA'n 'eil 'san t-saoghal ach aobhar bhròin,  
 Aobhar mullaid air iomadh seòl :  
 Tha ar nàmhaid gu tric ga'r dalladh,  
 'Se ga'r mealladh air a chòir.

Tha e daonan a' dol mu'n cuairt,  
 Mar leòghan beuchdaich, a'm' measg an t-slòigh,  
 Chum 'sgu meall è air 'n fheum iad  
 Bheir gu éibhneas iad, 'sgu buaidh.

'Sann tha nàmhaid air ar cùl,  
 'Scha 'n è 'm fear a chì ar sùil—  
 'S fhad o'n thòisich è 'sa ghàrradh,  
 Far 'n robh Adhamb 'sa bhean-rùin.

Bu chòir dhuinn daonan bhiodh air ar geard,  
 'Sa bhi 'g iarruidh Spiorad nan gràs ;

Gu bhiodh ga'r stiuradh gur cumail ùmhal,  
Mu'n cuir sinn cùl ris an Tì is fearr.

Tha sinn seacharanach 's gach àm ;  
'Se 'm peacadh a rinn sinn ann—  
Tha e na ioghnadh air na h-àinglibh  
'Mheud 'sa ghabh è dhuinn do shùim.

Na biodh earbsa agaibh annaibh féin,  
Oir 's fàilliongach ar stéidh—  
Air sliabh Chalvary chuireadh gu bàs è,  
'N Tì nìth ar sàbhaladh, 'scha sibh féin.

## LAOIDH XV.

'D<sup>H</sup>IA tha faicinn mar tha mi,  
'S tha fiosrach air m' fhàilliong ;  
Thoir dhomh neart gu bhi ghnàth an sìth riut ; }  
Gu bhi 'n sìth ris an Athair  
Atha anns na Flaitheamh—  
Be'n t-éibhneas bhi labhairt mu Rioghachd.



Tha ar peacannadh gràineil,  
 'S ann uamhradh tha iad ;  
 'S fàth mùllaid a's nàir dhuinn féin iad :  
 Neach is lagha tha fàilliong,  
 'Nuair thig iad uile 'na làthair,  
 Tha *muillein* na-dha air 'n cuir siòs diubh.

Briste mionnachadh pòsaidh,  
 A's mi-chùram an dòmhnuich ;  
 'S iumad saighead tha ga'r leòn 'sga'r dìteadh ;  
 Tha fàrmad 's droch dhùrachd,  
 Mi-thàingeil, 's neo-ùmhal—  
 'Scùis eagail mar dùisg sibh, nach sìth e.

Mar dùisg sibh le graddadh,  
 A cadal a pheacaidh,  
 'S nìth cìnnteach gu'n faigh sibh ar dìteadh.  
 Tha'n droch spiorad deònach  
 Air ar mealladh an còmhnuidh,  
 'S gu'r tarruing gu dòrainn shìoruidh.

Tha cuid agaibh na'r nàdur  
 Cas, cangairneách, gràineil ;  
 'Se 'm buaireadh tha ann an strì ruibh :  
 'Tha ar smaointeanaibh luaineach,  
 'Stha ar cridheachaibh truailleadh—  
 Cha'n' eil maitheas mu'n cuairt duibh, na firinn.

Cuiribh cùl ri'r seann nàdur,  
 A's pillibh ri'r Slàn' ear ;  
 O'n 'sè ghleidheas dhuibh fàbhor 'na rìoghachd.

### LAOIDH XVI.

'DHIA chruthaich 'sa dheilbh sinn,  
 'Sa faicinn ar seacharan truagh ;  
 Tha ar peacannan gràineil,  
 'S iad uil' ann ad' làthair gach uair :  
 Iad mar ghaineamh na tràighe,  
 'S iad daonan ga'n càrnadh suas :  
 'S cùis eagail mar a tha sibh,  
 Aig Sàtan 'nar tràilleann truagh.

Bu chòir dhuinn bhi cuimhneach  
 Air sìorruidheachd nach teirig gu bràth ;  
 O'n nach 'eil anns an t-saoghal so  
 Ach nìth diomain—'se caochladh gach là :  
 Co dhiu' bhith's t' ionbhe'n staid ìosal no ard,  
 'S gearr an ùin gu's am bi thu  
 Ann ad' dhùslach gu ìosal 'san làr.

Neach is fearr tha 'na ghiùlan,  
 'S còir dha bhi fuidh chùram a ghnàth,  
 Mu'n dean è cùl-sleamhnachadh,  
 Na mu'n d' thig air grad theachdaire a bhàit :  
 Ma théid è gu sìorruidheachd  
 Gun sìth bhi aige gun dàil ;  
 'Se ghearrain is cruaidhe  
 Na'n truaghan tha daonan na thràil:

Tha iomachar bhochd thruagh air,  
 Daonan gun tàmh,  
 Caoidh nach d' fhan è bunailteach, gun ghluasad,  
 Ann an seirbhis na'n gràs.

E ga' losgadh ' sga' léire,  
 'Se 'g éughach le cràdh—  
 Se screadail is cruaidhe  
 Na gaoth-tuath nam beann ard.

Tha sìth aig na h-àinglibh  
 Tha uile air Nèamh—  
 Mu'n cuairt do'n Rìgh-chathair,  
 Làn aidheir a's gràidh :  
 Iad a séinn Halleluiah,  
 A toirt cliù dha a ghnàth :  
 Cha'n'eil airsneul no sgìos ann ;  
 'Scha 'n' eil oidhch' ann, ach là.

Tha dearsadh na Trianaid  
 'Deanamh solus air Nèamh—  
 Cò is urraim ga' innseadh,  
 Mìle mhìlltibh da mhìorbhuillean treun—  
 Tha air muir, a's tha air monadh,  
 'S feadh a chruinne gu léir ;  
 'S gach neach a ni iarraidh  
 A's leith Chrìosd chaidh fo 'n' phéin ;

Cheibh è fàsghadh fuidh sgiathaibh,  
 Agus sìochadh dha féin.

### LAOIDH XVII.

THA na fireannaich daonan beò  
 Ann an éibhnéas a's an glòir—  
 Cha'n' eil an saoghal leo ach mar aon là,  
 An sàmhlachadh ri sìorruidheachd bhuan.

Ann's gach àit an tachair iad,  
 Nì iad gàirdeachas le gràdh ;  
 Tha iad cinnteach a bhi còmhluidh  
 Ann an rìoghachd Dhé gu bràth.

Tha iad daonan a séinn a chliù,  
 'S iad ga' mholladh le mòr shunnt.  
 Teirigidh gach nìth ata fo' n ghréin ;  
 Ach maitheas Dhé, théid e nì's mò.

'Sè Athair na sìochaidh Dia nan gràs ;  
 'Sè rinn gach nì do 'neo-naidh' u àird :  
 'Tha gach aon diubh aig' an òrdugh—  
 Ach sinne daonan a briste àithn'.

'S iomadh seòl air na blirist sinn àithn',  
 Tha sinn neo-glilan air iomadh càs.  
 'Sè Mac Dhé a chaidh a chéusadh,  
 A tha réiteachadh dhuinn àit.

A'm bothaig chreadha tha sinn an dràst ;  
 'S anns an duslach théid i gun dàil :  
 'Tha 'n uaigh na leaba' fhois do'n fhìrinneach,  
 A's i mar phrìosan do'n àing'each thà.

'Nuair thig an latha mòr,  
 Théid an tròmpaid 'shéinn gu h-àrd ;  
 Na bha riamh beò a's marbh 'san t-saoghal,  
 Ann an graddadh mosglear iad.

Thu'n a bhreitheamh bheirear iad,  
 S gheibh gach neach a réir a's mar bha—

Théid na fìreannaich gu sòlas,  
 A's théid na h-àing'aich 'san t-slochd gun tàmh.

### LAOIDH XVIII.

THA sinn uille seacharanach,  
 As' tha ar peacannan ro-mhòr;  
 Le'r smaointeanan 's le'r labhairtean,  
 'S leis na rinn sinn 'n aghaidh còir.

Tha sinn ga'n sìr-mheudachadh,  
 'S ga'n leudachadh gach là;  
 'S nuair chuirear iad r'a chéile,  
 'S fàth bròin dhuinn féin an càs.

Tha cuid agaibh neo-stéidheil,  
 'S neo-bhunailteach 'na'r sèol;  
 Ri mionnachadh 'sri mallachadh,  
 Gun chuimhn' air an Tì is mò.

'Théid sibh dh'ionnsuidh Commanaich,  
 An co-thionnal dhaoine còir ;  
 'S'nuair thig sibh dhachaidh,  
 Grad thillear ri'r seann seòl.

Is cudthromach an gealladh sin  
 A thug sibh aig a bhòrd,  
 Gun tréigeadh sibh an droch spiorad,  
 'S nach géilleadh sibh da' shèol.

Gu'm b'ann a bhith 's sibh tréibhdhireach  
 An cian a bhith 's sibh beò,  
 Ri seirbheis ar n-Athar,  
 'Giarruidh maitheanas gach lò :

Ach mu gheibh sibh maitheanas  
 Trid fullangais na Tì,  
 Chaidh ris a chrann-chéusaidh,  
 'Sa dh' fhuilling a ghéur strì--

Bha cuir fallas falladh dheth,  
 Le'r peacanna beòhd truagh--



'S mairg sinne bhitheas gearraineach,  
'Sna dh' fhuilling Dia na'n sluagh.—

### LAOIDH XIX.

'SA mhaduinn, 'nuair a dhùisgeas tu,  
Their buidheachas do Dhia,  
A thug gu toiseach latha thu,  
'Sa thug duit fois fo' sgiath.

Their moladh le ard urram dha  
O's cionn gach uile nìth;  
Tha ghràsan buan, 's iad mairthcanach —  
'Se mhairthcas dhuinn gu'n dìth.

Air 'n Spiorad naomh bith deònach  
Air iarraidh anns gach àm;  
'Se stiùrras tu, 'sa sheòlas thu,  
'Sa chumas beò thu ann.

A shòillseachas an t-slighe dhuit,  
 'S bheir thu dh' ionnsuidh 'n Uain ;  
 A's a' chuireas tu a teagamh  
 Nach cùis e agail duit an uaigh.

Cha bhàs, ach caochladh beatha,  
 Da'n neach a chreideas ceart ;  
 'Sa bhitheas earbsa cìnnteach,  
 Gur e Iosa féin a neart.

## LAOIDH XX.

Cò's urrainn gluasad tréibhdhireach,  
 No idir labhairt ceart ?  
 Tha'n neach a tha daonan,  
 A'g iarraidh Dia mar neart—

Luchd dheanamh na sìothlachaidh  
 'S beannuichte ata,  
 'S luchd thogail na h-àimhreit  
 Tha iad mallaichte a' ghnàth.

Cha'n ioghnadh iad bhi malluichte,

'Se 'n droch spiorad 'n neart—

'Sè tha ga'n cuir gu buaireadh,

'S ga'n gluasad e'n reachd.

'S beannuicht' na firinnich,

'S na h-àinglibh naomh ga'n geard;

'Siad *pillaran* an t-saoghail iad,

'Siad ri seirbheis Dhia mar chéird.

Na firinnich 'sna h-àing'ich,

Cha ghéil iad do'n aon chàs;

A's cha mhò bhios iad còmhluidh,

'Nuair thig orr' uair a bhàis.

Théid na firinnich gu sòlas,

Gu ionnadh Dhia na'n gràs;

Na h-àing'ich sgriosar uile iad,

'San t-slochd tha sìos gu bràth.

## LAOIDH XXI

GED' ni do nàmhaid tailceas ort,  
 Na gabh-sa sin gu h-olc ;  
 Tha'm buaireadh a'g iarraidh  
 Dol anns an duine bhòrb ;  
 Dh' fheuchain 'n cuir è doille  
 Air an neach is lugha lochd.

Tha saighdean an droch-spioraid  
 Curraideach gu lot' ;  
 Na gabh dheth sin bonn cùram—  
 Iarr daonan Dia mar neart.

'S beannuichte tha iadsan  
 Tha dol thro' thrioblaid mhòir,  
 'S tha tuigsinn 'na'n cridheachaibh  
 Gur e sin òrdugh Dhé.

Gach neach a' nìthear tàir orr',  
 Air son oibre naomha Dhé,  
 'S mòr an duais 'nuair dh' fhàgas iad  
 A'm fàsach so na'n déigh.

Cha d' thig orra anns an t-saoghal so  
 Nìth is aobhar trioblaid dhoibh ;  
 Mu's ann gu'n *grastadh* tha e,  
 'Se bh'ann gibhtean mòr o Dhia.—

## LAOIDH XXII.

'STU féin a Dhia a bhuillich oirnn  
 Gach maitheas a fhuair sinn ;  
 'Stu tha ga'r riaghladh,  
 'Sa tabhairt gach freasdal dhuinn.

'Stu tha ga'r cuairteachadh,  
 'Sa chumas sinne ceart ;  
 'Bheir dhuinn stéigh gu bunailteach  
 A fullangais do Mhic.

Bu chòir dhuinn bhì toirt urram dha,  
 A's molladh air gach tìm ;  
 Thia ghràsan buan, 's iad mairtheanach,  
 'S iad mhairtheas feadh gach linn.

### LAOIDH XXIII.

'S ANN dhuit féin a naomhaich thu  
 Gach Sàbaid a fhuair sinn,  
 Ged' a *chost* sinn uile iad,  
 Neo-bhunailteach gun suim.

Chia bu chòir dhuinn 'bhi labhairt  
 Cainnt dhìomhlain thia gun fheum ;  
 Ach bhì a casg gu dìchiollach  
 Ar smaointean beag féin.

'S ann bu chòir dhuinn bhì toirt buidheachais,  
 A's moladh mòr do'n Uan ;  
 A chionn gu 'bheil è 'g uimeachadh  
 Dhuinn Rìoghachd shonna bhuan :

'S Rioghachd sin tha mairtheanach,  
 'S cha teirig i gu bràth ;  
 Far a'm bh'eilear a sìr-mholladh  
 Rìgh cothromach na'n gràs.

### LAOIDH XXIV.

DHIA, neartaich mi gu dùsgadh,  
 'S gu fairreachadh gu ceart ;  
 Gu fhaicinn maitheas Chrìosd ;  
 'S na chuir e'n gnìomh le fheairt.

'S iomadh sgìos a's alladhban,  
 Fanoid agus tàir,  
 Dh' fhuiling è o' naimdean,  
 Le géur leanmhuinn anns gach àit.

Cha d' fhuair iad comas beannailt dha  
 Gus 'ndo choimhlion è gach là—  
 'N sin chuireadh ri crann-ceusaidh  
 Iosa treun an àigh :

Bha fuil a chridhe taomadh,  
 'Se tioramachadh le spairn;  
 Chaidh gach làmh 's gach cas a thàirneacha  
 Gu meudachadh a chràidh,

'N talamh chrionnaich uile,—  
 Na creagan, sgoilteadh iad;  
 'S brat-roinn 'n Teampuil 'rachdar e  
 O mhullach sìos gu làr:

'Na'n faiceamaid 'n'ar cridheachaibh  
 Ar peacannan gu léir,  
 Shaoileamaid gu'n sgàineamaid  
 Le gràinealachd ar béus.

Glòir do'n Tì le 'fhullangas  
 'Cheannuich sinn gu daor,  
 Leis 'n fhuil phrìseil 'dhòirt e—  
 'S ann a dh' fhàg e sinne saor.



## LAOIDH XXV.

DLUTH theann mi Dhia an taice riut,  
 Tabhair dhomh do neart gu'm dhian ;  
 'Socraich m' inntinn daonan ort,  
 A's cum do ghaol a'm' chridh'—

Mu bhitheas mo chridhe deònach  
 Air d'iarraidh anns gach tìm,  
 'S cinnteach mi gu'm faigh mi thu,  
 'S nach leig thu falamh mi.

Gach neach a dh' iarras, gheibh è thu—  
 Bha, 's tha, do ghealladh fìor :  
 'Sann gu luchd aithreachais a shàbhaladh  
 'Chaidh ar Slànuighear roimh gach pian.

Be sin an t-aobhar buidheachais,  
 O's cionn gach uile nìth—  
 Mar rinn è, 'smar ata è,  
 Aig deanamh àite dhuinn.



## LAOIDH XXVI.

THA toiseach na Bliadhn'ùir aguin,  
 'Scuid agaibh 'nar seann seòl ;  
 'Nùine a sìr theannadh oirbh,  
 'Nteannar sibh fuidh'n fhòid.

Tha'm bàs 'tèachd mar ghadduiche,  
 'Sna's faigse dhuibh gach lò ;  
 Cha'n fhàg e aon neach aguibh—  
 Bheir e leis gach sean a's òg.

'N saoghal goirid diomain so,  
 Cha'n fhad a bliith's sinn ann ;  
 'S ruigidh sinn an t-siorruidheachd,  
 Air nach d' thig gu dìlinn ceann.

'S aoibhin do na fìreannaich  
 Siorruidheachd 'bhi ann ;  
 'N Tì cheannaich a's a phàigli iad,  
 Bhiodh deanamh àite air an cionn.

Bheir è dh' ionnad Athar iad,  
 'Far 'm bheil aidheir agus ceòl :  
 'Sann 'n sin tha'n t-éibhneas ;  
 'Siad gu léir a séinn a ghlòir.

### LAOIDH XXVII.

DHIA, sòillsich féin an rathad dhomh,  
 'S thabhair dhomh neart gu fhaicinn réith,  
 'N t-slighe a ni mo threòrachadh  
 Gu Rìoghachd ghlòirmhoir Dhé.

Cha'n'eil ach 'n t-aon dorus  
 Air am' faigh sinn dol ann ;  
 'Se Iosa féin a dh' fhosgail e,  
 'Sa réitich rathad dhuinn.

'Se féin is Rìgh agus Sagart dhuinn,  
 'S tha ri *oifig* Fàidh dhuinn ;  
 'Se féin a cheannuich daor sinn ;  
 'S le fhuil phrìseil phàigh sinn.

O thugamaide moladh dhia  
 O's cionn gach uile nìth—  
 A's mheud 'sa ghabh è bhàigh ruinn,  
 Sàbhalaidh è sinn.;

### LAOIDH XXVIII.

'SMULADACH an neo-chùram  
 A dh'fhàs 'm pàirt do'n t-sluagh ;  
 Cha bhi cuimhne air sìorruidheachd,  
 Ach air saoghal goirid truagh.]

Ach air mheud 's ga'n cruinnich thu  
 Fhad' 'sa bhios tu ann ;  
 'Sciste agus lìon-anart  
 Na théid leat sìos do'n uaigh.

Bheir na h-àinglean dh'ionnsuidh Chrìosd sinn,  
 Thabhairt breith oirnn gu léir ;  
 'Sbheir Crìosda dh'ionnsuidh Athar  
 A phobull taghta féin.

Sgarraidh è na h-àing'ich  
 Gu sìorruidh a chum péin :  
 'Se mionnachadh a's mallachadh  
 'N connaltradh gu léir.

### LAOIDH XXIX.

DHUINE, dhuine, smuainich,  
 As' cuimhnich air do chrìch ;  
 Co-dhiu' 's fearr leat bhi toirt seirbheis  
 Do mhammon no do Dhia.

Feumaidh tu 'n seann nàdur  
 A thréigsin air fad ;  
 A's Iosa féin a ghràdhachadh  
 O's cionn gach aon dad.

Feumaidh tu do bhràithearan  
 'Ghràdhachadh mar thu féin ;  
 'Sa bhi ceangailte re Iosa  
 Le càrdaibh altrach féin.

'N sin bithidh tu 'an Iosa,  
 'S bithidh Iosa annad féin ;  
 An co-chomunn ris na h-àinglibh,  
 'Sa séinn a ghlòir gu léir.

Ciod 'nis is aobhar cùram  
 Do' na fireannaich gu léir ;  
 Bithidh eagal orra daonan  
 Cùl sleamhnachadh o'n stéigh.

Bithidh arra-ghlòir 'na'n àingidheach,  
 Cur cràdh na'n cridhe féin ;  
 O'n tha iad gu neo-chùramach  
 Mi-chliùthachadh an Dé.

### LAOIDH XXX.

'SMULLADACH an gealladh sin  
 Tha aig na h-àing'ich thruagh ;  
 'Seagalach dhoibh sìorraidheachd,  
 Gun dìocladh air péin chruaidh.

Cha'n fhac' sùil 'sàn t-saoghal,  
 'Scha do thuig an cridhe riamh,  
 An dòruinn ata feitheamh  
 Air 'n neach is beàg air Dia.

Tha fearg Dhé ro uabhasach  
 O's cionn gach uile nì :  
 Tha ghealladh buan, 's è mairtheanach—  
 Gheibh gach neach a réir an gnìomh.

Tha sinn uil' neo-chùramach,  
 'Sar peacannan ro-mhòr ;  
 A's mar dean sinn aithreachas,  
 Cha'n fhaic sinn Rìgh na glòir.

### LAOIDH XXXI.

THA è ra fhaotain anns gach àit  
 'N Tì d'an d'thug mi 'n gaol thar chàch ;  
 'San gaol a thug è féin, cha tréig é,  
 Ged' chaidh a chéusadh, 's chur gu bàs.

Tha è beò, ged' fhuair e'm bàs ;  
 'S tha è deònach a bhi ga'r geard  
 Bho' nàmhaid neo-ghlan, a chaidh air fògradh,  
 'Sa chàill a chòir air 'n rìoghachd ghràidh.

'Sann tha'n gàir, eachas do ghnàth,  
 Anns gach cridh' a cnàid 'na ghràdh ;  
 A séinn a ghlòir bith' iad 'n so féin,  
 'S 'nuair a théid iad 'taobh thall do'n bhàs.

Dh' fhalbh gach teagamh, a's fhuair iad cinnt  
 Gu 'm bheil an Athair riu an sìth ;  
 Bithidh iad deònach 'bhi 'g éisdeachd òrdugh—  
 'Se sin an ceòl a tha leo binn.

Cò is urra' innseadh meud a ghràidh—  
 Tha è o's cionn gach aon nì tha.  
 Bith' gach aon neach ata fo 'n t-saorsain—  
 Bithidh iad daonan g'a mholladh ghnàth.

'Se Iosa féin a choisinn buaidh  
 Air sliabh Chalvary chéus' an t-Uan ;



Chaidh fhuil a dhòrtadh, a's fheòil a réubadh  
Air son ar peacannan bochd truagh.

'Sann tha'n sòlas aig na'n naoimh ;  
Tha gach dòruinn air dol gu taobh ;  
Bithidh iad ag' amharc gnùis an t-Slànuighear,  
'Smar a tha è làn do ghaol.

'Sann tha'n gàirdeachas air nèimh,  
'Séinn Halleluiah do Dhia na'n sluagh :  
Tha iad éibhinn, làn do dh' éibhneas ;  
'Smar dhearsa gréine bhios an snuadh.

'Smulladach na h-àingich thruagh—  
Cha bhì cuimhne air 'n t-saoghal bhuan ;  
Bithidh 'n inntinn roimh a chéile,  
Mar a dh' fhàgas an stoirm an cuan.

Tha iad malluichte na'n seòl,  
Cuid ri mionnan 's cuid ri bòsd ;  
Cuid dhiubh toileach a bhì'n caonaig,  
'S cuid dhiubh gaolach air an òl.

A' bristeadh sàbaide bhitheas iad ;  
 Ri cùl-chàineadh bhitheas pàirt ;  
 Bithidh iad di-chuimhneach air na h-àintheantan ;  
 'Scha do ghnàthaich iad 'n reachd.

Tha iad uamlradh na'm béus,  
 'Scha do chuir iad srian re'm beul ;  
 Their iad leis na mionnan ard—  
 Dia a dhamnadh an anama' féin.

Tha è eagalach thar gach nìth  
 Bhi togail fearg an Tì,  
 Tha a làthaireachd anns gach àit'—  
 Be sin an *fabhor* bhi ghnàth na shìth.

Mar dhaontachd labhraidh è ris na naoimh ;  
 'Smar Dhiagh'chd ris na li-àing'ch thruagh,  
 Imichidh sibhse a chum dòruinn,  
 Gu teine nach d'théid as a chaoidh.

Cha'n eagal traill'ail bhi's air na naoimh.  
 Ach feing Jehovah threun :

Tha fios aige air an smuaintean ;  
 S nith è caomh ri threud beag fein.

### LAOIDH XXXII.

Se sud ghabh mi beachd air, 'se thug aiteas dom'  
 'chridh',

'Ngaol tuig ar n-athair, do'na peacaich a phill :

Coimeas a ghaoil cha tuig sinn a chaoidh,

Gu'n canadh è mic agus nigheanan ruinna.

Na creidmhich cha'n aithnich an saoghal so iad,

'Scha mhò' a dh'aithnich e Iosa na'n gràs.

'Nuair a théid sinn dhachaidh, 'sa bhi's sinn aig sìth—

Bithidh ar coltas an sin mar tha Crìosd.

Cha'n fhaic sinn ach faileas do mhaitheas na'n gràs,

Gu's an d'théid sinn thairris air Iordan a bhàis :

'Nsin chith sinn a ghnùis—bithidh sinn uile làn gràidh,

'N co-chomun a chéile—séinn éibhneas gu bràth.

Bithidh cridhe nan creidmheach 'a còmhnuidh air  
Nèamh ;

'Sann an sin tha sòlas, agus stòras gu bràth :  
Théid an ceangal re *Caiptein* na Slàinnte,  
A chcannuich an t-saorsain gu daor leis a bhàs.

'Se brìghheadh a chreidmhidh, bhi creideamh 'n  
ghràdh,

'Se ar Dia rinn 'ghintinn, a bheir air bhi fàs ;  
'Na'n tuigeadh ar cridhe cho mòr 'sa tha ghràdh,  
'Sann a bhitheamaid daonan 'ga mholadh a ghnàth.

Na'm bitheadh sud aguinn, na cridheachan ùr,  
Bhith' maid 'ga mholadh, 'sa scéinn a chliù :  
Bhitheadh oirnn fadal a' dh'òidhche 's do là,  
Gus an rachamaid dhachaidh gu Rìoghachd an àigh.

Tha'n saoghal so mulladach, uamhraidh—tha,  
Do'n neach a tha fuireach 'san t-seann duine 'ghnàth,  
Mar cuir thu grad-chùl ris mu'n d' thig teachdaire  
a' bhàis,

Tha do nàmhaid gad' shireadh gud' ribeadh 'an s.

Tha do nàmhaid ro sheòlta, 'se eòlach mud' bhéus,  
 'S aithne dha d'abhàist ni's fearr na dhuit féin—  
 Sir Athair na'n gràsan gu d' shàbhaladh féin,  
 Se sin nith do *gheard* bho' gach nàmhaid fo'n ghréin.

Tha ar naimhdean ro lionmhor—ar peacannan féin,  
 Iad mar ghaineamh na tràigh, na mar dhadum na  
 gréin ;  
 Na'm faiceamaid uile cho mòr 's tha iad féin,  
 'Sanna bhitheamaid dubhach—a' sruthadh na'n déur.

'Sann neò-ghlan atha sin an làthair na' Tì  
 A dh' fhuiling an tàmailt, an tàir, a's an spid ;  
 Le mheud 'sa ghabh è bhàigh ruinn, blia cràgh air  
 a chrìdh,  
 A's è cur dheth fallais fala leis na bha air do strì.

'Se ìoghnadh na'n ìoghnadh, mheud 'sa ghabh è  
 do bhàigh  
 Ri cnuimheagan neo-ghlan, ga'n d'rinn ar peacanna  
 tràil :  
 Chatuig sin, 's cha chreid sin, cho mhòr 'sa tha ghràdh,  
 Gu's am faic sinn an sòlas tha chòmhnuidh air Nèamh.

'Sann an sin tha sòlas nach teirig gu bràth ;  
 'Tha'n amhuin mar *chriostal*, tighinn fo' chathair  
 na'n gràs ;

Sraobh na beatha re taobh a' fàs—

Gach mìos anns a bhliadhna, a's i meudachadh blàth.

Tha duilleach gu leigheas na Finneachan féin,  
 'Sdà sheòrs' a'dheug do mheas orra fàs—

Tha na briatharan sin Naomh—'sahn fìor ata—

'Se'n t-Aibsteal a labhair bho' Athair nan gràs.—

### LAOIDH XXXIII.

THA'N saoghal so diomain,

Smath 'n gnothuch gur fìor ;

Cha'n 'eil sòlas do ghin ann,

Ach dò neach tha'n Criosd :

'Sann an sin tha maitheas,

Bhì' ris an Athair an sìth ;—

Bhiodh smaointeach a bhàigh,

A's a ghràidh thug è dhuinn.

'Siumadh dearbha'tha aguinn  
 Air a ghaol thug è dhuinn,  
 'Nuair thàin' è a Phàrras  
 Do'n t-saoghal ghràineil 'm bheil sinn.  
 'Siomad trioblaid a's àmhghar,  
 Agus paghadh, a's sgìos,  
 A dh' fhuilling ar Slàn' ear,  
 Le meud a ghràidh thug è dhuinn.

Aite-tàimh cha robh aige  
 Anns an fhàsach bhochd thruagh ;  
 Bha nid aig na h-eunlaithean  
 Gu 'n eòin thogail suas ;  
 A's tuill aig na sionnuich  
 Gu'n fallach o'n ruaig—  
 Cha robh àit aig ar Slàn' ear,  
 Le peacadh an t-sluagh.

Tha am peacadh na nàmhaid,  
 Le Athair na'n gràs ;  
 'S tha e mar sin duinne,  
 Mar gabh sinn dheth gràin ;

Mar cuir sinn grad chùl ris  
 Mu'n d'thig teachdaire 'bhàis—  
 'M feadh bhitheas sin aguinn  
 Ar neart a's ar càil :

Tha e soilleir ra fhaicinn  
 Gur ann mar ghaduich tha'm bàs,  
 'Se tighinn le h-eall'achd  
 Air mòran 's gach àit :  
 'S ged' a gheibhamaid ùine  
 Air leabaidh a bhàis,  
 'Thig luige 'na'r u-inntinn,  
 Le triobloid 's le cràdh.

Tha ar nàmhaid ga'r dalladh,  
 'S ga'r mealladh gu'n dàil,  
 'Los nach gabhadhmaid cùram  
 Do'n obair is fearr—  
 Tha'n ùine tio'chd oirne  
 Na's faisge gach là—  
 Bu chòir dhuinn grad phillcadh  
 Ri aithreachas tràth.



'Sè Iosa mo ghaol-sa,  
 'Scha'n e'n saoghal gu léir ;  
 'Sè chumas rium cuideachd,  
 'Scha bhi mi leam fhéin ;  
 'Sè mo neart a's mo threòir è,  
 'Smo shòlas gu léir ;  
 'Sè rinn mo cheannach gun stòras,  
 'Nuair a dhòirt è fhuil féin.

An Tì rinn ar ceannach,  
 'Sann leis fhéin ata—  
 Na cuireamaid teagamh  
 Ann an Athair nan gràs :  
 'N Tì chruthaich an saoghal,  
 'Sa thionndadh ris *Paul*,  
 Nìth è sin air gach duine  
 A' chreideas na gbràdh.—

'Se cleachda na'n creidmheach  
 Bhi creidsin 'na ghràdh ;  
 Se searcan an cridhe  
 An Tighearn' gu bràth ;

'N Tì cheannaich 'sa shaor iad  
 'Sa dh' fhuilling am bàs;  
 A's e air deas-lamh an Athar  
 A gleidheadh dhoibh àit.

Tha sannt agus gàlltnas  
 Ann am mòran do'n t-sluagh;  
 'Se sin pàirt do chleachda  
 Na'n àingidh bochd truagh:  
 Tha'n nàmhaid ga'm mealladh,  
 'S ga'n dalladh 's gach uair;  
 'S ga'n cumail o chreidsin  
 'San t-solus tha buan.

'S fàth mullaid ri smaointeach  
 An cleachd' a's an seòl;  
 Ged' a leugh' iad am Piobal,  
 Bith' 'am mionnan ro-mhòr;  
 Tha am briath'ran ga'n dìte,  
 'Se na fhianuis ro-mhòr—  
 'S geal cinnteach mur pill sibh,  
 Gu'n ruig sibh prìosain a bhròin.

B' fhearr gun tilleadh gach duine  
 Ri aithreachas tràth ;  
 'S gu'n d'thugadh ar cridhe  
 Gaol do Athair nan gràs.  
 'Se'n gaol thug è féin  
 Fàth ar n-éibhneis gu bràth ;  
 'Sruagh nach d'thugadh sibh uile  
 Dha gaol air son gràidh.

### LAOIDH XXXIV.

**CHUNNAIG** agus chuala  
 Buachaillean na'n tréud—  
 Na milltean do na h-àinglibh  
 Ri moladh binn gu léir ;  
 A' tabhairt cliu le gàirdeachas,  
 O'n thàinig è mac Dhé ;  
 A's è anns an fheòil mar chiochran—  
 Thàn' Iosa mac a ghràidh.

Rugadh ann an *stàbul* è,  
 Gu'n fhrithealadh bhi dha :  
 Chuireadh ann am prasuich è  
 Chum codail agus tàmh.  
 Cha b'fhad a thuair è fuireach ann  
 Le naimhdean gu'n chion-fàth—  
 B'iad sin na naimhdean cruaidh-chridheach,  
 A bha gu'n iochd gu'n bhàigh ;

Bha daonan ga shìr-ruagadh-san  
 Air thì a chur gu bàs.  
 'Se *Herod* a bha fuilleachdach,  
 'S gach neach a ghabh a phàirt ;  
 Gach mac nach robh dà bhliadhn'  
 Chuir iad gu dìth gun dàil,  
 'N dùil ri Ios' ar Slànuighear  
 A sgarradh as gu bràth.

A mhninntir anns an dorchadas,  
 Fui' dhùibhre sgàil a bhàis—  
 Thug iad dhomhsa mi-chliu,  
 O'n thug mi dh' Iosa gràdh :

'Trìd mi-chliu a's deagh-chliu,  
 'Stu leannas mi gu bràth.  
 'Sgach neach atha'n staid nàdurra,  
 'Siad naimhdean Iosa iad.

'Sa mhaduinn, 'nuair a dhùisgeas mi,  
 An déigh's bhi ann am' shuain,  
 'Sann duit a bheir mi buidheachas,  
 An sin a Dhia na'n sluagh ;  
 'Stu 'thug gu toiseach latha mi,  
 'Sa tha ga'm thogail suas :  
 Mar ais-eirigh na'm marbh,  
 Tha 'g éiridh as an uaigh.

Tha'n ais-eirigh bhuan mhairtheanach,  
 A teannadh oirnn gu dlùth—  
 Sìol na' nath'reach, sgriosar iad,  
 'S théid an cur fo'r cùl,  
 Do'n *fhùrnais*, loisgich, mhàltich,  
 'San slochd anns nach 'eil grunn ;  
 'Sann an sin a dh' fhàgar iad,  
 'Sam pian gach là na's mò.

Sìol Iehobhah cinnidh iad,  
 'Scha d' théid an cur fo'r cùl;  
 Théid iad do'n ionnad ghlòrmhor,  
 Gu rìoghachd Dhia nan dùl;  
 Liubhraidh Ios' da' Athair iad—  
 'Sè fhéin a thug iad dha;  
 'N sin bithidh iad buan, mairtheannach,  
 A' seinn a ghlòir gu bràth.

'Sbu chòir dhuinn bhì 'g ath-chuingne,  
 Air Athair geal mo ghràidh,  
 Gu'n cum è o' ana-creideamh sinn—  
 Cha' teagamh dhuinn am bàs—  
 'Tha'm bàs a's am breitheanas,  
 Na's faigse dhuinn gach là;  
 'Smar bi sinn ann an Iosa,  
 Cha'n fhaigh sinn sìth gu bràth.

Mar bi sinn air ar ceangal ris  
 Le còrdan altrach naomh,  
 Le snàim nach fheudar fhuasgladh.  
 'Sè theannaich è le ghaol:

Se fullangais an t-Slànuihear  
 A dh'fhàg na creidich saor ;  
 Na h-àinglean ga' dhùr-bheachdachadh,  
 'Scha tuig iad sud a chaoidh.

O'n tha ar naimhdean curraideach  
 Air thìth 'ar cur an sàs—  
 Beachdaichibh na h-àitheantan,  
 A's thugaibh gràdh do Dhia.  
 Thugaibh gaol o'r cridhe dha,  
 O'n is è ar neart an Triàth ;  
 'Sè 's urrainn sinn a shàbhaladh—  
 'Sè ghràdh a mhairtheas fìor.





## APPENDIX.

---

### THOUGHTS ON THE END OF THE WORLD.

WHY should this world delight us so?  
Why should we fix our eyes  
On this poor spot, where sorrows grow,  
And every pleasure dies?

While time's relentless hand prepares  
Our comforts to adore,  
There is a land above the stars,  
A joy beyond his pow'r

Nature shall be dissolv'd, and die,  
The sun must end his race;  
The earth and sea for ever fly  
Before our Saviour's face.

Then shall that glorious morning rise,  
When the last trumpet's sound  
Shall call the righteous to the skies,  
Who rest beneath the ground.

## ON PRAYER.

COME, children, seek your Father's face,  
 Through Christ, the living way;  
 Come boldly to a throne of grace,  
 And without ceasing pray.

By grace the sinner's sav'd, thro' faith,  
 Not for what he hath done;  
 'Tis God's free gift (the scripture saith),  
 'Thro' Jesus Christ, his Son.

Our hearts, how vile by nature are,  
 Averse from all that's good;  
 But Christ can make the fiend a saint,  
 When he applies his blood.

Believer—the Lord exhorts to watch,  
 (He ne'er exhorts in vain)  
 Then watch and pray, lest you should sleep  
 When Christ returns again.

## CONFIDENCE IN GOD.

HAPPY, beyond expression bless'd,  
 The man that knows the Lord ;  
 Whose hope relies on Jacob's God,  
 And rests upon his word.

Blessed are they, who, hating strife,  
 Promote true peace and love ;  
 They shall be called the sons of God—  
 And this their actions prove.

Blessed, says Jesus, are the poor,  
 The men of broken heart ;  
 They shall enjoy the promis'd rest,  
 Tho' now for sin they smart.

'Tis God supports our feeble frame,  
 When we're with troubles toss'd ;  
 We'll trust his grace for all we want,  
 Nor can our hopes be lost.

Let others worship glitt'ring dust,  
 And boast of earthly toys—  
 Christ is our rock, our hope, our trust,  
 And spring of all our joys.

## CHRIST IS OUR HOPE.

How sweet the invocation sounds,  
 How pleasing to my ears ;  
 My soul, embrace the joyful call,  
 And cast away thy fears.

'Tis Christ hath ransomed my soul,  
 Hath set the captive free :  
 The glory, Jesus, thou shalt have ;—  
 No praise is due to me.

Christ claims me, his peculiar care,  
 He'll grace and glory give ;  
 His pow'r preserves from ev'ry snare,  
 He dy'd, that I might live.

Then, Jesus, let me taste the stream  
 That flows from thy rich love ;  
 'Till thou shalt call my willing soul  
 To dwell with thee above.

Securely, then, my soul may stand,  
 In spite of earth or hell ;  
 All pow'r is at my Lord's command—  
 In vain my foes rebel.

## DEATH AND JUDGMENT.

ONCE you must die, and once for all—  
 The solemn purpose weigh ;  
 For know that heaven and hell are hung  
 On that important day.

O for the eyes of faith divine,  
 To pierce beyond the grave ;  
 To see that friend, and call him mine,  
 Whose arm is strong to save.

Those eyes, so long in darkness veil'd,  
 Must wake the Judge to see,  
 And every word, and ev'ry thought,  
 Must pass his scrutiny.

Lord, I commit my soul to thee,  
 Accept the sacred trust ;  
 Receive this nobler part of me,  
 And watch my sleeping dust ;

'Till that illustrious morning come,  
 When all thy saints shall rise,  
 And cloth'd in full immortal bloom,  
 Attend thee to the skies.

O may I in the Judge behold  
 My Saviour and my Friend,  
 And, far beyond the reach of death,  
 With all his saints ascend :

Where thy triumphant armies sing  
 The honours of thy name ;  
 And Heaven's eternal arches ring  
 With glories of the Lamb.

O ! let me join the raptur'd lays,  
 And with the blissful throng,  
 Resound salvation, pow'r, and praise  
 In everlasting song.

### A PRAYER.

O THOU, whose pow'r o'er all extends,  
 Whom all should still adore—  
 Low in the dust thy creature bends,  
 Thy mercy to implore.

Inspire me with contentment still,  
 Whate'er thou may'st ordain ;  
 Let resignation to thy will  
 Soothe and assuage my pain.

May I regard each pang on earth  
 As transient as each joy—  
 The sun, which gives the flow'r its birth,  
 Can soon that flow'r destroy.

Let me not, therefore, be elate,  
 When thou dost bliss bestow ;  
 And teach me never to forget  
 From whom those comforts flow.

If, in this vale of grief and tears,  
 Jehovah should ordain  
 That I should spend in pain my years,  
 Let me not dare complain.

In beds of snow the sweetest flow'rs  
 Their tender blossoms rear ;  
 The fertile earth, from winter's show'rs,  
 Bestows the bounteous year.

A seeming ill, for real good,  
 Thy wisdom can ordain—  
 And though by me not understood,  
 Yet let me ne'er complain.

O thou, who, when the wretched call,  
 Dost lend a gracious ear,  
 Without whom not even sparrows fall,  
 Let me not idly fear.

Should I in perils chance to be—  
 Should terrors me assail—  
 Lord, may I put my trust in thee,  
 And thus o'er all prevail.

O ! thou Omnipotent, who sees  
 The lilly in the field,  
 And from each rude and ruffling breeze,  
 That lilly deigns to shield :

Allow me never to disdain  
 The tears of deep distress :  
 And may I deem all pow'r in vain,  
 Except the pow'r to bliss.

When others bow beneath the taunts,  
 Or blush of conscious shame,  
 Then let me ne'er, with foolish vaunts,  
 My righteous deeds proclaim.

To the fountain of all good,  
 The praise alone is due,  
 When strong temptations are withstood,  
 Or I'm to virtue true.

But in thy sight, alas ! how frail  
 Must ev'n the best appear—  
 Did not thy mercy, Lord, prevail,  
 How great would be my fear ?



Then to thy mercy all divine  
Let me commend my soul ;  
And make the paths of virtue mine—  
My wand'ring steps controul.

And, e'er each day's revolving sun  
To worldly cares be given,  
May I exclaim, " Thy will be done,  
" O Lord, as 'tis in heaven."

FINIS.

















3-4-86

